

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

An t-Urr. Seumas MacDhonnchaidh (2)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,232. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 928 corresponds to Litir 1,232. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Bha mi ag innse dhuibh mun Urramach Seumas MacDhonnchaidh. Sgrìobh e an earrann mu Chalasraid anns an t-Seann Chunntas Staitistigeach. Tha e ag innse dhuinn, ann an seachd ceud deug, naochad 's a ceithir (1794) gur e Beurla a bh' aig na h-uaislean, ach gur e Gàidhlig a bh' aig na daoine cumanta.

Tha Mgr MacDhonnchaidh a' dèanamh soilleir gun robh gràdh aige air a' Ghàidhlig. 'Cha leig sinn a leas càil a ràdh mun chànan seo riuthasan a thuigeas i,' tha e a' sgrìobhadh. 'Tha iad eòlach air a lùths agus a cumhachd ... Seo na bh' aige ann am Beurla: *They know its energy and power; the ease with which it is compounded; its majesty in addressing the Deity; and its tenderness in expressing the finest feelings of the human heart.*

Ach tha e cuideachd ag ràdh nach robh daoine anns an fharsaingeachd a' cur cus sùim anns a' chànan no a càirdeas le cànanan eile. An uair sin, tha e fhèin a' feuchainn ri sin a chur ceart. Tha e a' sgrìobhadh mu thràthan agus modhan nan gnìomhairean, teàrnadh nan ainmearan is mar sin air adhart.

Tha e a' cleachdadh an litir 'v' nuair a tha e a' sgrìobhadh na Gàidhlig anns an t-Seann Chunntas. Tha e a' sgrìobhadh an fhacail *sgrìobh*, mar eisimpleir, mar *s-c-r-i-v*. Chuir sin iongnadh orm oir bha dreach Gàidhlig an Tiomnaidh Nuaidh ann an clò aig an àm sin. Ach bha e ag ràdh gur ann airson luchd na Beurla a rinn e sin, gus an tuigeadh iad mar a chanadh iad am facal.

Tha Seumas MacDhonnchaidh ag aideachadh gun robh Calasraid **car air a' chrìch eadar a' Ghàidhealtachd agus a' Ghalltachd**. Bha an fheadhainn a bha a' fuireach gu sear is gu deas dìcheallach agus dripeil. Bha an fheadhainn gu tuath is gu siar car dìomhain ach uaibhreach.

Bha am ministear dhen bheachd gun robh e duilich gun robh daoine a' **trèigsinn an fhearainn** agus a' dol a dh'fhuireach ann am bailtean. Tha e a' gabhail '*villages*' air na bailtean sin. Bha e air a bhith na b' fheàrr dhaibh, tha e ag ràdh, nan robh iad air fuireach a-muigh air an dùthaich mar a bha an sinnsearan, a' frithealadh an cruaidh air leathad na beinne agus a' cruthachadh bàrdachd!

Ge-tà, tha e ag ràdh gun robh comas aig fear àbhaisteach – saothraiche – le taic a mhnà còignear no sianar de chloinn a thogail le glè bheag de thaic bhon sporan phoblach. Bha sin stèidhichte air tuarastal suas ri tastan agus trì sgillinn san latha.

Bha am beatha-san eadar-dhealaichte bhon dòigh-beatha againn, ge-tà. Nuair a ruigeadh a' chlann ochd no deich bliadhna a dh'aois, bhiodh iad air an cur a-mach airson sùil a thoirt air a' chrodh as t-samhradh. 'S ann sa gheamhradh a bhiodh iad a' dol don sgoil. Bhiodh iad a' ceannach mine agus a' fàs buntàta air an lot aca fhèin. Agus, le bainne bhon bhoin aca fhèin, bhiodh iad cofhurtail gu leòr. Agus bhiodh ùine aca airson bàrdachd a chruthachadh!

Bha Mgr MacDhonnchaidh trom, ge-tà, air rudan nach do chòrd ris. Bhiodh biadh gu leòr ann do na daoine bochda mura b' e an uiread de choin timcheall nam bailtean, tha e a' sgrìobhadh. Agus bha fada cus thaighean-seinnse ann airson maith an t-sluaigh. An-ath-sheachdain bheir sinn sùil air beachdan a' mhinisteir air ainmean-àite timcheall Chalasraid.

* * * * *

Faclan na Litreach: na h-uaislean: *the gentry*; An Tiomnadh Nuadh: *The New Testament*; Am Bioball: *The Bible*; saothraiche: *labourer*; cus thaighean-seinnse: *too many inns*.

Abairtean na Litreach: mun Urramach Seumas MacDhonnchaidh: *about the Rev. James Robertson*; an earrann mu Chalasraid anns an t-Seann Chunntas Staitistigeach: *the section about Callander in the Old Statistical Account*; cha leig sinn a leas càil a ràdh mun chànan seo riuthasan a thuigeas i: *'it would be almost unnecessary to say anything of this language to those who understand it'*; tha iad eòlach air a lùths agus a cumhachd: *they know its energy and power*; nach robh daoine a' cur cus sùim anns a' chànan: *that people didn't pay too much notice of the language*; a' sgrìobhadh mu thràthan agus modhan nan gnìomhairean: *writing about tenses and moods of verbs*; teàrnadh nan ainmearan is mar sin air adhart: *inflection of nouns and so on*; bha an fheadhainn a bha a' fuireach gu sear is gu deas dicheallach agus dripeil: *those who were living to the east and south were hard-working and industrious*; bha an fheadhainn gu tuath is gu siar car dìomhain ach uaibhreach: *those to the north and west were somewhat idle but proud*; bha e air a bhith na b' fheàrr dhaibh: *it would have been better for them*; nan robh iad air fuireach a-muigh air an dùthaich mar a bha an sinnsearan: *if they had remained out in the country like their ancestors*; a' frithealadh an cruaidh air leathad na beinne agus a' cruthachadh bàrdachd!: *attending to the cattle on the slope of the hill and creating poetry*; le taic a mhnà: *with the help of his wife*; còignear no sianar de chloinn a thogail: *to raise five or six children*; tuarastal suas ri tasan agus trì sgillinn: *wages of up to a shilling and three pence*; a' ceannach mine: *buying meal*; mura b' e an uiread de choin: *if it weren't for the numerous dogs*.

Puing-chànain na Litreach: car air a' chrìch eadar a' Ghàidhealtachd agus a' Ghalltachd: *somewhat on the border between Highlands and Lowlands*. Car is a useful adverb to mean 'approximately, somewhat'. Crìoch is a feminine noun meaning 'boundary, border' e.g. between estates, regions or countries. As is traditional with feminine nouns, it slenderises (in most dialects) in the dative case following a preposition and article. Thus, we say air a' chrìch (although you will also hear air a' chrìoch).

Gnàthas-cainnt na Litreach: a' tràigsinn an fhearainn: *forsaking/abandoning the land*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA